



Teisteanais
Nàiseanta
2019

X872/75/11

Eachdraidh

DILUAIN, 13 CÈITEAN

1:00 F – 3:20 F

Comharran gu lèir — 80

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 29 comharran

Feuch AON phàirt.

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 25 comharran

Feuch AON phàirt.

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 26 comharran

Feuch AON phàirt.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceist a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 8 7 2 7 5 1 1 *

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA

PÀIRTEAN

E. Linn a' Chiad Chogaidh Mhòir, 1900–1928

duilleagan 04–05

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN

PÀIRTEAN

C. Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807

duilleagan 06–07

D. Breatainn ag atharrachadh, 1760–1914

duilleagan 08–09

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN ÈORPA AGUS AN SAOGHAL

PÀIRTEAN

C. Na Stàitean Aonaichte, 1850–1880

duilleagan 10–11

D. Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939

duilleagan 12–13

G. Saor mu dheireadh? Còraichean Catharra ann an SAA, 1918–1968

duilleagan 14–15

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 29 comharran

Pàirt E — Linn a' Chiad Chogaidh Mhòir, 1900–1928

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

21. Dè an ìre gum b' e propaganda an t-adhbhar bu chudromaiche gun robh Albannaich a' sabaid gu saor-thoileach air an Aghaidh an Iar ann an 1914? 9
(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bha aig diofar fhactaran agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)
22. Thoir cunntas air na h-innleachdan mìleanta a chleachd na Suffragettes. 4
23. Mìnich na h-adhbharan airson gun do thòisich raiseanadh aig àm a' Chogaidh Mhòir. 6

Tha **Stòr A** a' mìneachadh nan adhbharan a dh'atharraich an Cogadh Mòr cothroman cosnaidh do bhoireannaich.

Stòr A

Thug an cogadh cothroman cosnaidh do bhoireannaich nach biodh air a bhith aca air dhòigh eile. Air sgàth na chaidh a thogail don chogadh de luchd-obrach nan tramaichean ann an Glaschu, cha robh mòran fhireannach air fhàgail airson an siostam a ruith. B' e Glaschu a' chiad mhòr-bhaile ann am Breatainn san robh boireannaich a' dràibheadh agus a' togail thiogaidean air na tramaichean. Dh'fhàs daoine eòlach orra san èideadh uaine aca agus na sgiortaichean fada tartain uaine. Thòisich boireannaich air diofar obraichean leithid a bhith nam puist. Bha aon fhactaraidh ann am Brighton nach robh a' fastadh ach bantraichean cogaidh a-mhàin. Cha do mhair boireannaich ann an obraichean fhireannach ach cho fad's a mhair an cogadh.

24. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' mìneachadh nan adhbharan a dh'atharraich an Cogadh Mòr cothroman cosnaidh do bhoireannaich? 6
(Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)

Tha **Stòran B** agus **C** mun chrìonadh ann an gnìomhachasan troma ann an Alba an dèidh a' chogaidh.

Stòr B

An dèidh a' chogaidh bha crìonadh ann am malairt eadar-nàiseanta. Rinn sin, agus dòighean-obrach ùra, duilgheadasan anns na gnìomhachasan troma ann an Alba na bu mhiosa. Anns na 1920an, chrìon an obair ann an togail-bhàtaichean ann an Alba, agus anns na h-obraichean co-cheangailte ris. B' fheudar do chuid de na gàrraidhean-togail dùnadh ann an Alba bhon a bha iad a' farpais ri dùthchannan cèin. Bha an treasamh cuid na bu lugha de dhaoine ag obair ann an gnìomhachas a' ghuail anns na 1920an na bh' ann ron chogadh, oir b' urrainn dùthchannan eile gual a dhèanamh na bu shaoire.

Stòr C

B' e togail-bhàtaichean an gnìomhachas a bu chudromaiche ann an Alba agus bha na mìltean de dh'obraichean an urra ris. B' fheudar do dh'iomadh gàrradh-togail dùnadh bhon a bha iad a' farpais ri dùthchannan cèin. Gheàrr an riaghaltas na bha iad a' cosg air bàtaichean airson airgead a shàbhaladh. Chaidh obraichean a chall anns a h-uile gnìomhachas a bha a' dèanamh stuthan do na gàrraidhean-togail — iarann, stàilinn agus gual. Chrìon mèinneadh-guail oir bha dùthchannan eile a' mèinneadh gual ann an dòigh na b' èifeachdaiche. Bha stòran ùra lùtha cuideachd ann a bha a' ciallachadh nach robh uiread a dh'iarraidh air gual.

25. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran B** agus **C** mun chrìonadh ann an gnìomhachasan troma ann an Alba an dèidh a' chogaidh.

4

(Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)

[A-nis theirig gu ROINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 06]

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 25 comharran

Pàirt C — Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** a' toirt cunntas air na dh'fhuiling na tràillean air an t-Slighe Mheadhain.

Stòr A

Nuair a ràinig bàtaichean nan tràillean, chaidh na tràillean a chur air bòrd gu luath. Chaidh na fir a cheangal nan dithisean le sèinichean iarainn air an casan is air an làmhan. Bha uiread de thràillean gu h-ìosal 's nach b' urrainn dhut coiseachd tromhpa gun seasamh orra — bha na bh' aca de rùm na bu lugha na bhith ann an ciste. Bha cus dhaoine a' ciallachadh gun robh galaran agus tinneasan a' sgaoileadh gu luath am measg nan tràillean. Bha cuid de na tràillean a' diùltadh biadh a ghabhail, ach 's dòcha an uair sin gun deigheadh am biadh a sparradh orra.

36. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air na dh'fhuiling na tràillean air an t-Slighe Mheadhain?

6

(Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)

Tha **Stòr B** à leabhar-sgoile a sgrìobh eachdraiche bhon latha an-diugh ann an 2014.

Stòr B

Fhuair Lunnainn buannachd mhòr à malairt nan tràillean. Leasaich cuid de mhuintir Lunnainn na gnothachasan aca; mar eisimpleir bha Ambrose Crowley, marsanta iarainn, a' dèanamh ghlasan-làimhe agus bannan iarainn airson nan tràillean a cheangal air na bàtaichean. Rinn John Angerstein, am marsanta a stèidhich Lloyd's ann an Lunnainn, fortan bho na h-oighreachdan aige ann an Grenada. Thog an teaghlach Pett, sàr luchd-togail bhàtaichean ann an Deptford, mòran bhàtaichean a bha an sàs sa mhalairt Atlantaigich. Bha craobhan bho na h-oighreachdan aca a' toirt fiodh dhaibh airson bàtaichean a thogail.

37. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhianais air na buannachdan a thug malairt nan tràillean do dh'eaconamaidh Bhreatainn.

5

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

38. Mìnich na h-adhbharan airson gun do dh'fhuiling eileanan a' Charibbean mar thoradh air malairt nan tràillean. 6
39. Thoir cunntas air cor-obrach agus cor-beatha nan tràillean air na planntachasan. 4

Tha **Stòran C** agus **D** mun bhuidh a thug Mòr-chaochladh na Frainge air cur-às do mhalairt nan tràillean.

Stòr C

Thug Mòr-chaochladh na Frainge droch bhuidh air a bhith a' cur-às do thràilleachd. Nuair a chaidh an Rìgh Louis XVI a chur gu bàs ann an dòigh cho fòirneartach, chuir e an t-eagal air an fheadhainn aig an robh cumhachd. Bha Breatainn a' cur feum air airgead a phàigheadh airson a' chogaidh ris an Fhraing. Mar thoradh air an sin, cha b' urrainn dhi cur-às don mhalairt bheairtich seo. Bha beachd ann a-nis nach robh innleachdan, leithid a bhith a' cur bhilean chun na Pàrlamaid airson cur-às don mhalairt, a' nochdadh gràdh-dùthcha. Mar sin ghabh an fheadhainn a bha airson cur-às do thràillean ri innleachdan eile.

Stòr D

Bha an fheadhainn a bha airson cur-às do thràilleachd fhathast trang rè Mòr-chaochladh na Frainge. Bha strì nam Frangach caran coltach ri strì nan daoine a bha airson cur-às do thràilleachd. Bha cuid a' cumail a-mach nach robh tràilleachd a' cur uiread ri pàigheadh airson a' chogaidh 's a bha malairtean eile san robh barrachd prothaid. Lean feadhainn a bha airson cur-às dhan mhalairt, mar Uilleam Wilberforce, le bhith a' cur bhilean an aghaidh na malairt gu Taigh nan Cumantan. Mar sin bha deagh bhuidh aig na thachair san Fhraing air cur-às do mhalairt nan tràillean.

40. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran C** and **D** mun bhuidh a bh' aig Mòr-chaochladh na Frainge air cur-às do mhalairt nan tràillean 4
(Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air duilleag 10]

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 25 comharran

Pàirt D — Breatainn ag atharrachadh, 1760–1914

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** à leabhar-sgoile a sgrìobh eachdraiche bhon latha an-diugh ann an 1985.

Stòr A

Bha cholera riagh na dhuilgheadas san Ear Chèin, ach san 19mh linn thàinig e a Bhreatainn. B' e cholera an galar a bu mhotha a bha a' cur eagal air daoine. Bha sin air sgàth 's gu bheil cholera gu sònraichte dona agus a' marbhadh duine gu math luath, mar as trice ann an latha no dhà. Bha còrr is leth nan daoine air am biodh cholera a' bàsachadh. Bha e eadar-dhealaichte bho iomadh galar eile oir cha b' ann a-mhàin air daoine bochda a bhiodh cholera; bhiodh an galar seo a' tighinn air daoine beairteach cuideachd.

41. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air galaran ann am bailtean is ann am mòr-bhailtean ann an 1914.

5

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

Tha **Stòr B** a' toirt cunntas air mar a leasaich cor-beatha sna bailtean agus sna mòr-bhailtean ro 1914.

Stòr B

Ann an 1875, thàinig lagh a thug cumhachd do chomhairlean taighean ann an slumaichean a leagail ann am mòr-bhailtean Bhreatainn. Gu mì-fhortanach, cha d' fhuair iad barrachd airgid airson taighean nas fheàrr a thogail. Bha sin a' ciallachadh gun robh mòran de na daoine a bha anns na slumaichean a-nis gun dachaigh. Chaidh uisge glan a phumpadh do na bailtean agus do na mòr-bhailtean agus do chuid de dhachaighean. Chaidh sàibhearann a thogail airson cur às gu sàbhailte do shalchar dhaoine. Ann an 1900, bha seirbheisean poilis agus teine ann an iomadh mòr-bhaile. Bha e mar sin na bu shàbhailte a bhith a' fuireach anna.

42. Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' toirt cunntas air leasachaidhean ann an cor-beòshlaint ann am bailtean is ann am mòr-bhailtean ann an 1914?

6

(Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)

43. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh an cor-obrach anns na mèinnean-guail na b' fheàrr ann an 1914. 6
44. Thoir cunntas air leasachadh nan rèilean ann am Breatainn. 4

Tha **Stòran C** agus **D** mun bhuaidh a bh' aig na Chartists.

Stòr C

Bha na h-iarrrtasan a bh' ann an Còir-sgrìobhte nan Daoine fada ro radaigeach airson gun deigheadh gabhail riutha aig an àm. Dhiùlt na BP a' Chòir-sgrìobhte trè tursan; ann an 1839, 1842 agus 1848. Fhuair na Chartists droch ainm air sgàth sgaraidhean agus argamaidean a bha nam measg, agus mhill sin an t-adhbhar aca. Chaidh an riaghaltas agus na cùirtean an sàs gu làidir airson smachd fhaighinn air Chartism agus chaidh 79 de na ceannardan a chur às an rìoghachd ann an 1842. Lagaich sin na Chartists.

Stòr D

Chaidh na Chartists a stèidheachadh ann an 1836 airson gum biodh bhòtaichean agus riochdachadh aig a' chlas-obrach. Bha iad air a bhith ag iomairt airson sin tro na 1830an agus na 40an. Chuir na milleanan dhaoine an ainm ri tagraidhean a bha a' toirt taic do na Chartists. Sheall sin gu follaiseach gun robh na sia puingeann aca gu math reusanta. Ged a chaidh mòran de cheannardan nan Chartists a chur às an rìoghachd, bha an gluasad fhathast a' faighinn taic suas gu 1848. Fhuair na Chartists deagh ainm agus chuidich sin iad gus taic fharsaing fhaotainn don adhbhar aca.

45. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran C** agus **D** mun bhuaidh aig na Chartists. 4
(Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air duilleag 10]

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 26 comharran

Pàirt C — Na Stàitean Aonaichte, 1850–1880

Feuch na **ceithir** ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

59. Dè an ìre gun robh e fìor gur ann air sgàth gun deach òr a lorg a thòisich daoine a' gluasad dhan iar? 9
- (Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bha aig diofar fhactaran agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)
60. Mìnich na h-adhbharan airson gun tug mòran dhaoine ann an Ceann a Deas Ameireaga taic do thràilleachd. 6

Tha **Stòr A** a' toirt cunntas air na duilgheadasan a bha aig Ameireaganaich dhubha rè na h-Ath-thogail.

Stòr A

An dèidh a' Chogaidh Chatharra, stèidhich riaghaltasan sa Cheann a Deas laghan a chuir bacadh air a' mhòr-chuid de chothroman do thràillean air an saoradh. Uaireannan, cha robh daoine-saora mòran na b' fheàrr dheth fo na Còdan Dubha na bha iad ro Ghlaodhach an t-Saoraidh ann an 1863. Chan fhaodadh iad fianais a thoirt an aghaidh Ameireaganaich gheala anns a' chùirt. Dh'fheumadh feadhainn a bha roimhe nan tràillean an ainm a chur ri cùmhnant cuide ris an luchd-fastaidh aca. Bha peanasan cruaidh ann nam briseadh iad an cùmhnant. Bha cuid sa Cheann a Tuath den bheachd gun robh na laghan dìreach ag ath-stèidheachadh tràilleachd. Bha an t-uabhas gràin-cinnidh fhathast air feadh a' Chinn a Deas, agus mar sin, bha Ameireaganaich dhubha fhathast a' fulang cruadal.

61. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air na duilgheadasan a bha aig Ameireaganaich dhubha rè na h-Ath-thogail? 6
- (Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)

Tha **Stòr B** bho agallamh cuide ri Big Eagle, ann an 1862.

Stòr B

Fad an t-samhraidh bha eas-aonta am measg nan Sioux agus bha trioblaid mhòr ann cuideachd leis na Daoine Geala. Fhuair sinn glè thric droch dhìol agus droch làimhseachadh bho chuid de na daoine geala. Tha na Daoine Geala an-còmhnaidh a' feuchainn ri toirt oirnn ar dòigh-beatha a leigeil seachad agus a bhith beò mar na daoine geala — obrachadh gu cruaidh air tuathanachas agus dèanamh mar a bhios iadsan a' dèanamh. Chan eil fios againne ciamar a nì sinn sin, agus chan eil sinn airson a dhèanamh co-dhiù. Nam feuchamaide ri toirt air na Daoine Geala a bhith beò mar a tha sinne, dheigheadh iad an aghaidh sin.

62. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhianais air carson a bha còmhstri eadar na Tùsanaich Ameireaganach agus an luchd-tuineachaidh geal. 5

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 26 comharran

Pàirt D — Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939

Feuch na **ceithir** ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** bho leabhar-latha neach à Berlin agus chaidh a sgrìobhadh ann an 1923.

Stòr A

Cha b' urrainn dhut coimhead ann an uinneag bùtha mar chur-seachad oir dh'fheumadh tu rudan a cheannach sa bhad. Bha fiù 's mionaid a bharrachd a' ciallachadh prìs nas motha. Dh'fheumadh tu ceannach gu math luath oir dh'fhaodadh gun cosgadh coineanach, mar eisimpleir, dà mhillean marc a bharrachd mun àm a choisicheadh tu a-steach dhan bhùth. Cha robh a dhà no trì mhilleanan mharcan a' ciallachadh dad. 'S fhada bhon a bha an t-airgead a dh'fheumadh tu airson an rud bu lugha air fàs ro throm airson pòcaid do bhriogais. Dh'fheumadh daoine an t-airgead aca a thoirt leotha ann an cairtean is ann am pocannan-droma.

63. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air a' bhuaidh a bha aig mòr-atmhorachd air a' Ghearmailt. 5

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

64. Dè an ìre gum b' e cho tarraingeach 's a bha geallaidhean nan Nadsaidhean am prìomh adhbhar gun robh cumhachd aca ann an 1933? 9

(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bha aig diofar fhactaran agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)

Tha **Stòr B** mun làimhseachadh a fhuair mion-bhuidhnean sa Ghearmailt Nadsaidhich.

Stòr B

Tha Jehovah's Witnesses a' creidsinn nach eil an dìlseachd do dhuine ach do Dhia. Mar sin cha b' urrainn don fheadhainn dhiubh a bha a' fuireach sa Ghearmailt Nadsaidhich bòid dìlseachd a thoirt do Hitler. Dhiùlt a' mhòr-chuid dhiubh cuideachd a dhol do dh'Arm na Gearmailt oir b' e sìochantairean a bh' annta. Thug na Nadsaidhean cothrom do Jehovah's Witnesses atharrachadh gu prìomh Chrìosdaidheachd. Chaidh cuid dhiubh a phianadh airson toirt orra pàipear a shoidhnigeadh ag ràdh gun robh iad a' treigsinn an creideimh. Ach b' e glè bheag a rinn sin. Mar sin chaidh an cur do na campaichean-bàis. Bha triantain phurpaidh orra agus bha iad air an cumail air leth bho phrìosanaich eile.

- 65.** Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' toirt cunntas air mar a chaidh dèiligeadh ri mion-bhuidhnean sa Ghearmailt Nadsaidhich? **6**
(Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)
- 66.** Mìnich na h-adhbharan airson gun robh buidhnean òigridh cho cudromach dhan Stàit Nadsaidhich. **6**

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 26 comharran

Pàirt G — Saor mu dheireadh? Còraichean Catharra sna SAA, 1918–1968

Feuch na **ceithir** ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** bho òraid a rinn seanator à Alabama ann an 1921.

Stòr A

Cho luath 's a thig na h-in-imrichean ceum far deicichean nam bàtaichean, tha an trioblaid againn a' tòiseachadh — Comannachd agus ceannairc a' sgaoileadh. Tha na bàtaichean seo làn eucorach a tha nan cron agus nan cunnart dhuinn a h-uile latha. Tha na mìltean a' tighinn an seo nach bi a' gabhail bòid gus taic a thoirt don bhun-reachd againn agus a bhith nan saoranaich de na Stàitean Aonaichte. Bidh iad a' toirt bòid dìlseachd do dhùthaich agus do bhratach air choreigin eile, ach bidh iad beò air sochairean nan daoine againn fhèin. Feumar rudeigin a dhèanamh gus stad a chur air sruth nan in-imrichean.

75. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air na h-adhbharan a bha mòran Ameireaganach an aghaidh in-imrich anns na 1920an? **5**
(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

76. Mìnich na h-adhbharan airson gun do rinn mòran de na h-Ameireaganaich dhubha imrich gu Tuath. **6**

Tha **Stòr B** a' toirt cunntas air togail fianais-dùbhlain neo-fhòirneartach a chleachd Glusad nan Còraichean Catharra.

Stòr B

Thòisich Glusad nan Còraichean Catharra anns na 1950an. Thog an Reverend Brown cùis laghail sa Phrìomh Chùirt airson a' chòir fhaotainn am pàiste aige a chur a sgoil gheal. Thug naoinear oileanach dubh dùbhlain don luchd-togail-fianais agus chaidh iad a sgoil gheal ann an Little Rock, Arkansas. Dhiùlt Rosa Parks an suidheachan aice air bus a thoirt do dhuine geal agus chaidh a cur an grèim. Dh'adhbharaich seo Boycott Bhusaichean Montgomery Bus. Dhiùlt na mìltean de dh'Ameireaganaich dhubha siubhal air na busaichean.

77. Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' toirt cunntas air an togail fianais-dhùbhlain neo-fhòirneartach aig Glusad nan Còraichean Catharra sna 1950an agus sna 1960an? **6**
(Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)
78. Dè an ìre gum b' e rudan a rinn na poilis am prìomh adhbhar airson na h-ùpraid gràin-cinnidh a thòisich anns na mòr-bhailtean sa cheann a Tuath sna 1960an? **9**
(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuidh a bha aig diofar fhactaran agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO